

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 15mh dhen t-SAMHAIN 2020

Ùrnaigh aig 7f

“Is math a rinn thu, a sheirbheisich mhaith is dhìleis.” Ann an Soisgeul Mhata, tha na faclan seo air an ràdh do na seirbheisich a chleachd gu glic nan tàlann a chaidh a thoirt dhaibh.

’S e ionad tomhais a th’ ann an tàlann. Tha sinn ag ionnsachadh leis an fhacal seo gu bheil cuideam an airgid a fhuair na seirbheisich mòr dha-rìribh. San là an-diugh, bidh mòran a-smaointinn mun fhacal ‘talent’ sa Bheurla mar thàlant no comas sònraichte, agus tha seo a’ toirt dhuinn smuain eile mun earrainn seo.

Anns na làithean àraid seo, tha fios againn gu bheil uiread mòr de ghoireasan air a chleachdadhbh gus ar coimhearsnachd a chumail a’ dol. Tha fios againn cuideachd gu bheil daoine bho ar coimhearsnachdan ag obair là gu là gus slàinte agus slàinte-inntinn na coimhearsnachdan sin a bhrosnachadh. Nì sinn ùrnaigh air an sgàth. Gu dearbh, tha sinn air ar gairm gus gach comas a tha againn a chleachdadhbh ann seirbheis chàich, gus fianais a thoirt seachad mu ghràdh, gràs agus tràicair Dhè. Tha sinn ga dhèanamh le earbsa gun cualamaid air an taobh thall na faclan “Is math a rinn thu, a sheirbheisich mhaith is dhìleis.”

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè dhìleis,
fear-tabhairt gach nì mhaith,
tha sinn a’ toirt taing dhut airson tiodhlac na beatha a thug thu dhuinn,
agus airson an eòlais gun deach ar dealbhadh nad iomhaigh fhèin.
Deònaich gum beir sinn fianas
mun tiodhlac a thug thu dhuinn.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè dhìleis,
fear-tabhairt gach nì mhaith,
tha sinn a’ toirt taing dhut airson tiodhlacan an teaghlaich agus càirdeas,
agus airson na companaich a tha maille rinn air an t-slighe.
Cruthaich as ùr, nar cridheachan, na dàimhean eadarainn.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè dhileis,
fear-tabhairt gach nì mhaith,
tha sinn a' toirt taing dhut airson na feadhna a bheireas seirbheis don
choimhearsnachd,
a' cumail taic rinn uile.

Thoir spionnadh agus neart ùr dhaibh anns na làithean seo,
agus bi maille riutha anns gach cas.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè dhileis,
fear-tabhairt gach nì mhaith,
tha sinn a' toirt taing dhut airson an gairm gus seirbheis a dhèanamh,
agus fianais a thoirt mu do ghràdh, mu do ghràs agus mu do thròcair,
ann an co-chomann nan creidmheach, gun cuimhneachamaid e gu bràth.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè dhileis,
fear-tabhairt gach nì mhaith,
tha sinn a' toirt taing dhut airson nan uile a chleachdas an cuid tàlant agus
comasan rannsachaidh gus dòchas a thoirt do chàch.

Deònaich gun gabhamaid pàirt ann an torradh an dòchais sin.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè dhileis,
fear-tabhairt gach nì mhaith,
tha sinn a' toirt taing dhut, oir tha thu gad fhoillseachadh fhèin dhuinn,
ann co-chomann an Athar, a' Mhic agus an Spioraid.

Anns a' bheatha a tha ri teachd, gun cualamaid, "Is math a rinn thu, a
sheirbheisich mhaith is dhileis."

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh. |

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thisionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba,
Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh
còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach
(Alba)